

THY KINGDOM COME – ANGUS MORRISON

English audio transcript

Thy Kingdom Come is one of the most exciting and promising prayer initiatives of our time. Christians have always recognized that prayer is the beating heart of all that we do as followers of the risen Jesus in service and witness.

In 2016 the Archbishops of Canterbury and York invited Christians from across the Church of England to join a wave of prayer during the days between Ascension and Pentecost. That year many Christians across different denominations and traditions took part. Thy Kingdom Come is now working in partnership with many Christian denominations in countries around the world. The Church of Scotland has formally become a partner in Thy Kingdom Come and this was marked during the meeting of the Moderator and the Archbishop of Canterbury last November.

For me, as for countless others, knowing Jesus Christ in his love and power, his grace and friendship, is the greatest privilege of my life. He is an unfailing friend. We want others to have that privilege and joy too. Thy Kingdom Come is calling every Christian community to pray during the eleven days between Ascension and Pentecost, this year from the 30th May to the 9th of June, for more people to come to know Jesus Christ.

This can be done in different ways: as individuals and within our families; as congregations and as a shared endeavour between churches in a locality.

A wide range of resources is available and designed for all. They are free to download or inexpensive to buy in bulk. Please go to www.thykingdomcome.global. You will find hundreds of ideas to encourage churches and individuals to become involved.

I want in particular to call attention to the Prayer Journal which will help you write down your thoughts and prayers and nay answers to prayer during these eleven days. I warmly commend this journal to you and am delighted that it is available in both English and Gaelic. You will find details of this and much more on the website.

Thy Kingdom Come invites us to pray especially for five of our families and friends during this period and to join in a wave of prayer happening all over the world. You can sign up to #pledgetoprayer on the website and you will receive daily encouragements during the 11-day period.

This is a wonderful opportunity to join together in praying, as Jesus taught us to do, As Professor Tom Wright has said, 'You might suppose that to have a few Christians around the world praying "Thy kingdom come" in our day might not have much effect. Well: let's go on praying it and we'll see.'

I look forward to joining you then in prayer.

THIGEADH DO RÌOGHACHD – ANGUS MORRISON

Gaelic audio transcript

Ann an iomairt Thigeadh do Rìoghachd tha againn aon de na h-iomairtean-ùrnaigh as brosnachaile agus as gealltanaiche san àm a tha lathair. Bho thoiseach, tha Crìosdaidhean air aithneachadh gu bheil ùrnaigh aig cridhe a h-uile rud a bhios sinn a' dèanamh nar seirbhis 's nar fianais mar luchd-leantainn Iosa.

Ann an a' bhliadhna 2016, thug Ard-easbaigean Chanterbury is York cuireadh do Chrìosdaidhean air feadh Eaglais Shasainn a dhol an sàs ann an gluasad ùrnaigh rè na laithean eadar A' dol Suas agus a' Chaingis. A' bhliadhna sin ghabh mòran dhaoine pàirt anns an iomairt, ann an diofar eaglaisean agus thraidiseanan. Tha Thigeadh do Rìoghachd a-nis ag obair ann am compàirteachas le mòran eaglaisean Crìosdail ann an dùthchannan air feadh an t-saoghail. Tha Eaglais na h-Alba a-nis gu foirmeil na com-pàirtiche, agus chaidh seo a chomharrachadh aig a' choinneimh eadar am Modaràtair agus Ard-easbaig Chanterbury anns an t-Samhain an-uiridh.

Dhomhsa, mar a tha fìor do mhòran eile, chaneil sochair no tobar toileachais nas motha ann, na fios a bhith againn air Iosa Crìosd, na ghràdh sna chumhachd, na ghràs sna chàirdeas. Tha sinn air son gum biodh mòran dhaoine eile a' faighinn tlachd às an t-sochair agus sa ghàirdeachas sin mar an ceudna. Tha Thigeadh do Rìoghachd ag iarraidh air a h-uile coimhearsneachd Chrìosdail a bhith ag ùrnaigh anns an aon latha deug eadar A' dol Suas agus a' Chaingis – bhon deich ar fhicheadamh latha den Chèitean am-bliadhna, chun an naoidheamh latha den Ògmhios – gun tig tuilleadh dhaoine gu eòlas a chur air Iosa Crìosd. Gabhaidh seo a dhèanamh ann an diofar dhòighean: mar dhaoine fa leth agus taobh a-staigh ar teaghlaichean; mar choitheanalan agus mar oidhirp cho-roinnte eadar eaglaisean ann an sgìre.

Tha raon farsaing de ghoireasan rim faotainn agus tha iad air an dealbh airson a h-uile duine. Faodar an luchdachadh a-nuas an-asgaidh agus chan eil iad idir daor an ceannach ann am meudan. Rach gu: www.thykingdomcome.global. Gheibh thu na ceudan de bheachdan airson eaglaisean agus daoine a bhrosnachadh gu bhith an sàs ann.

Tha mi airson aire gu sònraichte a thoirt don Leabhar-latha Ùrnaigh, a chuideachas tu gus do smuaintean agus d'ùrnaighean a sgrìobhadh sìos agus ma dh'fhaodte cuid de fhreagairtean air na h-ùrnaighean agad anns an aon latha deug sin. Tha mi a' moladh gu mòr an Leabhar-latha seo dhut agus tha mi cho toilichte gu bheil e ri fhaotainn ann am

Beurla agus Gàidhlig. Gheibh thu fiosrachadh mun seo agus mòran a bharrachd air an làrach-lìn.

Tha Thigeadh do Rìoghachd a' toirt cuireadh dhuinn a bhith ag ùrnaigh gu sònraichte airson còignear de ar teaghlaichean no ar caraidean re na h-ùine seo agus pàirt a ghabhail ann an gluasad ùrnaigh a tha a' tachairt air feadh an t-saoghail. Faodaidh tu clàradh airson: #pledgetoprayer air an làrach-lìn agus gheibh thu brosnachaidhean gu làitheil rè an aon latha deug.

'S e cothrom mìorbhaileach tha seo airson pàirt a ghabhail ann an gluasad ùrnaigh sònraichte, mar a bha losa ag ionnsachadh dhuinn. Mar a thubhairt an sgrìobhaiche ainmeil, An t-Ollamh Tom Wright: 'Dh'fhaodadh tu smaoineachadh nach biodh buaidh mhòr sam bith nar latha air oidhirpean beagan Chrìosdaidhean air feadh an t-saoghail, is iad ag ùrnaigh: "Thigeadh do rìoghachd." Uill, rachamaid air adhart ag ùrnaigh mar seo, agus chi sinn.'

Tha mi a' dèanamh fiughair ri bhith an sàs comhla ribh ann an ùrnaigh aig an àm sin.